

Nàiseanta 4 Gàidhlig Labhairt Cur-seachadan Earrann air a' chuspair “Goireasan cur-seachad” Pàirt 2.

- Tidsear:** Mòran taing airson na h-òraid sin. Nad bheachd, cò bu chòir pàigheadh airson nan goireasan cur-seachad a tha thu ag iarraidh?
- Alasdair:** Tha mi den bharail gum bu chòir dha na daoine a tha a' fuireach anns an sgìre pàirt den airgead a thogail. Bhiodh sin a' dearbhadh dhan Chomhairle gu bheil iarraidh air na goireasan cur-seachad seo. Ach bu chòir dhan Chomhairle taic a thoirt dhuinn.
- Tidsear:** Saoil am biodh daoine anns an sgìre deònach airgead a thogail?
- Alasdair:** Tha mi a' smaoineachadh gum biodh. Tha daoine draghail nach eil gu leòr aig an òigridh ri dhèanamh agus gu bheil iad a' dol an sàs ann an cleachdaidhean mì-fhallain...